



2021-22

Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig

Aithisg Bhliadhnail
Annual Report

BUILL A' BHÙIRD- STIÙIRIDH 2021-22 Board Membership

Gillian Campbell-Thow
Cathraiche

Bethan Owen
Iar-chathraiche
appointed 10/2021

Angus Mcillean
resigned 21/05/2021

Jacqueline Cahill

Simon Easton
resigned 24/02/22

Evellyn Coull Macleod
appointed 26/8/2021

Lena Walker

LUCHD-OBRACH 2021-22 Staff

Leòdhas Lewis

Dòmhnall U MacGilleMhoire, Ceannard

Donald W Morrison, Chief Executive

Dòmhnall I MacRisnidh, Ceannard Phròiseactan

Donald J MacRitchie, Head of Projects

Mairead NiclIleathain, Manaidsear Oifise

Margaret MacLean, Office Manager

Mòrag NiclIleathain, Eadar-theangair

Morag MacLean, Translator

Jayne NicAsgaill, Oifigear Leasachaidh

(Goireasan Bun-sgoile, Foghlam Gàidhlig)

Jayne MacAskill, Development Officer

(Primary Resources, Gaelic Education)

Criosaidh NicRath, Oifigear Leasachaidh,

Pròiseact Briathrachais

Chrissie MacRae, Development Officer, New Terminology

Kristy Nic a' Ghobhainn,

Neach-dealbhachaidh agus Neach-taic Phròiseactan

Kristy Smith, Designer and Projects Administrator

Jamie MacIleathain, Neach-taic Rianachd

Jamie MacLean, Admin Assistant

Inbhir Nis Inverness

Catriona Mhoireach, Oifigear Dearbhadh Càileachd

Catriona Murray, Quality Assurance Officer

Aonghas I MacDhòmhnaill, Oifigear Curraicealam

Angus J MacDonald, Curriculum Officer

Angela Nic a' Mhaoilein, Oifigear Leasachaidh

(Goireasan Bun-sgoile, Foghlam Gàidhlig)

Angela MacMillan Development Officer

(Primary Resources, Gaelic Education)

Port Rìgh Portree

Niall Mac a' Ghobhainn,

Ceannard Seirbheisean Leasachaidh

Neil Smith, Head of Development Services

Emma Burrows, Sgrìobhaiche Cùrsa

Emma Burrows, Course Writer

Uibhist a Tuath North Uist

Màiri NicRisnidh, Oifigear Curraicealam

Mairi MacRitchie, Curriculum Officer

Beinn na Faoghla Benbecula

Sarah NicEachainn, Oifigear Curraicealam

Sarah MacEachen, Curriculum Officer

Ceann Rois Kinross

Áine Dhruimeanach,

Prìomh Neach-dealbhachaidh (Clò)

Anne Drummond, Principal Designer (Publications)

RO-RÀDH BHON NEACH-CATHRACH Chairperson's Introduction

It has been a successful year for Stòrlann with continued delivery of resources and support services for Gaelic Medium Education and Gaelic language education in an ever-changing climate.

The Stòrlann office re-opened with some staff continuing with a hybrid working arrangement. Working together to drive forward improvement and service delivery has been at the forefront; however, as a company we've made considerable efforts to make sure we have been looking after each other and our mental health and wellbeing.

We continued to work to our scheduled programme of materials but were able to extend the range of digital resources to enable the move to online learning. We have continued to work on various websites for Gaelic Education and the continued development of Gàidhlig nan Òg for delivery partners. We have also continued the support to early years practitioners in GME with various training and support sessions.

Stòrlann has enjoyed the chance to continue our partnership with the GLPS (Gaelic Language in the Primary School) consortium by delivering online sessions for Go! Gaelic.

We continue to enjoy strong partnerships and have had the chance to work closely with e-Sgoil, NHS, CNES and Cardiff University. These collaborations continue to develop resources such as the Duke of Edinburgh and John Muir awards along with a significant project involving the translation of RSHP materials, for use by our Gaelic speaking colleagues.

Stòrlann has continued with the delivery of online CLPL provision through Alltan air-loidhne. This has been a success for Stòrlann – both in delivery and in how our education colleagues access CLPL. The flexibility of how people access the content allows for more equity. The content of the sessions was in direct response to requests from education. We know that there are colleagues who are unable to physically attend conferences so this is a great way to welcome more members to the family! On behalf of the board I would like to acknowledge a debt of gratitude to the staff at Stòrlann for their huge contribution and adaptability during these times which is testament to their continued professionalism and dedication to the Gaelic language.

At Stòrlann, we continue to be very proud of the professional partnerships we have in all sectors of Gaelic language development and are grateful for the continued support from Bòrd na Gàidhlig and Scottish Government. We look forward to a continued positive partnership.

It's certainly been a better year as Chairperson of the Board of Directors as we enjoyed meeting face to face and look forward to more with board and team! My sincere thanks to the board of directors for their continued support and guidance as we continued to help and support our Stòrlann team to another successful year!

Gillian Campbell-Thow
Chair

RO-RÀDH BHON NEACH-CATHRACH Chairperson's Introduction

Tha bliadhna shoirbheachail air a bhith aig Stòrlann, a' sior libhrigeadh ghoireasan agus sheirbheisean taic do Fhogham Meadhan Gàidhlig agus foghlam Gàidhlig, ann an àrainneachd a tha a' sior atharrachadh.

Dh'fhosgail oifis Stòrlann a-rithist le cuid den luchd-obrach a' cumail ri pàtran obrach measgaichte. Tha co-obrachadh gus leasachadh agus libhrigeadh sheirbheisean a thoirt air adhart air a bhith na phrìomhachas; mar chompanaidh ge-tà, rinn sinn oidhirp mhòr airson dèanamh cinnteach gun robh sinn a' coimhead às dèidh a chèile agus ar slàinte agus sunnd.

Chùm sinn ris a' phrògram-stuthan chlàraichte ach chaidh againn air na goireasan didseatach againn a leudachadh gus gluasad gu ionnsachadh air-loidhne. Tha sinn air cumail oirnn ag obair air làraich do Fhoghlam Gàidhlig (gaelic.education) agus air leasachadh leantainneach air Gàidhlig nan Òg do chompairteachasan libhrigidh. Lean sinn cuideachd le taic do luchd-obrach nan tràth-ìrean ann am FMG, le diofar sheiseanan taic agus trèanaidh.

Tha Stòrlann toilichte a bhith a' leantainn leis a' chompairteachas ri co-bhanntachd GLPS (Gàidhlig sa Bhun-sgoil), le bhith a' libhrigeadh sheiseanan air-loidhne do Go! Gaelic. Tha compairteachasan làidir againn agus bha cothrom againn obrachadh gu dlùth le e-Sgoil, NHS, CnES agus Oilthigh Chardaf. Tron cho-obrachadh seo tha goireasan mar duaisean Diùc Dhùn Èideann agus Iain Muir gan leasachadh, agus tha pròiseact mòr a' dol ag eadar-theangachadh stuthan RSHP, a chleachdas ar co-obraichean le Gàidhlig.

Lean Stòrlann le libhrigeadh CLPL air-loidhne tron Alltan air-loidhne. Tha seo air obrachadh gu math do Stòrlann – san dòigh libhrigidh agus san dòigh a gheibh ar co-obraichean ann am foghlam cothrom air CLPL. Tha an t-sùbailteachd a thaobh cothrom na meadhan air co-ionannachd. Chaidh susbaint nan seiseanan ullachadh mar fhreagairt do iarrtasan bho luchd-foghlaim. Tha fios againn nach fhaigh ar co-obraichean gu lèir air co-labhairtean a fhrithealadh agus 's e seo dòigh mhath air fàilte a chur air àireamh nas motha den teaghlach! Às leth a' Bhùird, bu mhath leam nochdadh gu bheil sinn an comain luchd-obrach Stòrlann airson an saothrach agus an sùbailteachd aig na h-amannan seo; tha seo na theist air a' phroifeiseantachd agus an dilseachd aca a thaobh na Gàidhlig.

Aig Stòrlann tha sinn moiteil às na compairteachasan proifeiseanta a th' againn ri gach roinn de leasachadh na Gàidhlig agus tha sinn taingeil airson taic leantainneach bho Bhòrd na Gàidhlig agus Riaghaltas na h-Alba. Tha sinn a' coimhead air adhart ri deagh chompairteachas leantainneach.

Gun teagamh b' e bliadhna na b' fheàrr a bh' ann mar Chathraiche a' Bhùird-stiùiridh agus sinn air coinneachadh aghaidh ri aghaidh; tha sinn a' coimhead air adhart ri tuilleadh choinneamhan leis a' Bhòrd agus leis an sgioba! Mo thaing chridheil don Bhòrd-stiùiridh airson taic agus treòir a chumail rium, nuair a bha sinn a' cumail taic ri sgioba Stòrlann a dh'ionnsaigh bliadhna shoirbheachail eile!

Gillian Campbell-Thow
Neach-cathrach

LÈIRMHEAS A' CHEANNAIRD

Chief Executive's Review

A' coimhead air ais thar an dà mhios dheug a chaidh, is e àm ioma-thaobhach, neo-àbhaisteach agus dùbhlanaich a bh' anns a' bhliadhna gu deireadh Màrt 2022. Ach, le sin a ràdha, tha mi toilichte a chur an cèill gun deach na targaidean agus na builean a bha ro Stòrlann mar bhuidheann agus mar sgioba airson na bliadhna a choileanadh.

Bu mhath leam taing air leth a thoirt do mo cho-obraichean, agus do na tha an sàs ann an raon-obrach foghlam Gàidhlig, airson an taic a thaobh ar n-amasan a libhrigeadh agus airson cruinneachadh farsaing de ghoireasan feumail a chur ann an làmhnan nan sgoilearan, nan tidsearan agus nam pàrantan.

Mar iomadh buidheann eile, thug Covid-19 buaidh air làthaireachd an luchd-obrach – rud a tha sinn an dùil a leanas. Aig toiseach na bliadhna bha an luchd-obrach air fad ag obair bhon taigh airson a' mhòr-chuid den ùine. An-ath-bhiadhna, thèid beachdan an sgioba a shireadh air an t-slighe air adhart a thaobh dòighean-obrach eadar oifis agus dachaigh airson an àm ri teachd.

Lean cuid de na h-atharraichean obrach a thàinig gar n-ionnsaigh ri linn Covid-19. Lean a' mhòr-chuid de choinneamhan agus de thachartasan air-loidhne – dòigh-obrach a tha air gearradh sìos air siubhal gu ìre mhòr. Tha seo math don àrainneachd, agus a' cosnadh shàbhalaichean aig àm dùbhlanaich don sporan phoblach agus do bhuidhnean mar Stòrlann, le cosgaisean saothrachaidh a' dol am meud.

Tha raon nan tràth-ìrean tro mheadhan na Gàidhlig air leth cudromach mar shlighe gu foghlam Gàidhlig do dh'iomadh sgoilear. Le dùbhlain a' nochdadh a thaobh cothroman coinneachaidh, chaidh leudachadh a dhèanamh air goireas ro-sgoil, Gàidhlig nan Òg, le bhidiothan goirid a ghabhas cleachdadh ann an ionadan agus dachaighean.

An lùib nan goireasan a chaidh fhoillseachadh airson ìre na bun-sgoile chaidh an cuibhreann mu dheireadh de sgeama fonaigs Gàidhlig a thoirt gu crìch, le sreath de leabhraichean, notaichean an tidseir, goireasan air-loidhne agus stuthan taic airson obair a bharrachd.

Thairis air a' bhliadhna, aig àm far an robh bruthaidhean agus iomagain air sean is òg, chaidh leudachadh a dhèanamh air stuthan a thaobh mothachas, slàinte agus sunnd. Bu mhath leam taing a thoirt don sgioba aig NHS Eileanan Siar airson an taic le cuid de na goireasan seo.

A' toirt taic do dh'amasan nàiseanta airson leudachadh a dhèanamh air cuspairean a tha air an teagasg tro mheadhan na Gàidhlig aig ìre na h-àrd-sgoile, tha obair briathrachais a' leantainn le fòcas air briathrachas airson chuspairean a tha air an teagasg tro mheadhan na Gàidhlig anns an àrd-sgoil.

Is ann fo bhratach 'Fileanta' a tha an cruinneachadh de stuthan Gàidhlig airson nam fileantach san àrd-sgoil air am foillseachadh. Thairis air a' bhliadhna, chaidh cur ris a' chruinneachadh le stuthan airson ceann shìos na h-àrd-sgoile. Mar an ceudna, chaidh leudachadh agus ùrachadh a dhèanamh air goireasan luchd-ionnsachaidh anns an àrd-sgoil a tha air am foillseachadh fo bhratach 'Ceumannan'.

Mar iomadh lìonra eile, tha àrdachadh mòr a' nochdadh ann an ìre cleachdaidh an eadar-lìn airson ceangal a dhèanamh ri goireasan ionnsachaidh foghlam Gàidhlig. Tha Stòrlann a' toirt làn-thaic don ghluasad seo tro bhith a' leudachadh agus a' cur ris na tha de ghoireasan agus de sheirbheisean rim faotainn air làraichean dàthach, beòthail airson nan tràth-ìrean, bun-sgoil, àrd-sgoil agus pàrantan 's luchd-cùraim. A thuilleadh air an sin, tha Stòrlann a' cumail taic ri e-Sgoil le seirbheis eadar-theangachaidh agus càileachd briathrachais.

Tha dicheall mhòr ga dhèanamh airson fìosan agus naidheachdan, a tha taiceil do chànan agus cultar na Gàidhlig, a sgaoileadh fada agus farsaing. Aig a' cheart àm tha dearbhadh làidir againn gu bheil ruigsinneachd nam meadhanan sòisealta aig Stòrlann aig ìre a tha air leth fallain.

Ri linn Covid-19, ghluais seirbheisean taic nan tidsearan agus co-labhairt bhliadhnail an t-Alltan gu bhith ga liubhairt air-loidhne. Ged a tha ionndrainn air na buannachdan a tha rim faotainn bho bhith a' coinneachadh càch a chèile, thug an gluasad seo leudachadh air ruigsinneachd agus cothroman aig tidsearan seiseanan a fhrithealadh gun siubhal agus ùine dheth a bhith na dhùbhlain. Le rùn neartachadh a' dhèanamh air seirbheisean trèanaidh agus compàirteachasan, chaidh dreuchd ùr làn-ùine a stèidheachadh aig Stòrlann.

A' coimhead romhainn, tha sinn a' dèanamh fiughar ri Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig ùr a bhith air ullachadh a bheir stiùir agus iùl do dh'obair-leasachaidh na Gàidhlig thar nam bliadhnachan a tha romhainn.

Tha e na adhbhar gàirdeachais don sgioba a bhith a' coimhead air adhart ri cothroman coinneachadh ri sgoilearan, luchd-teagaisg agus pàrantan, le dùil àrdachadh a dhèanamh air ìrean conaltraidh agus ceanglaichean às ùr a thogail ri raon an fhoghlaim Ghàidhlig anns an fharsaingeachd.

Tha e na urram do Stòrlann a bhith an sàs ann an raon-leasachaidh a tha aig cridhe na h-iomairt airson fàs a thoirt air Gàidhlig agus gach nì prìseil a tha an urra rithe. Troimh bhith a' dèanamh sin tha a' bhuidheann gu mòr an eisimeil gach neach a tha nan taic is nan cuideachadh. An lùib iad sin, tha an sgioba aig Stòrlann, buill a' Bhùird, sgoilearan, tidsearan, pàrantan, luchd-taic teicneòlais, sgrìobhadairean, luchd-ealain, luchd-taic, agus ar prìomh bhuidhnean maoineachaidh – Bòrd na Gàidhlig agus Riaghaltas na h-Alba. Às leth Stòrlann bu mhath leam taing chridheil a bhuileachadh oirbh uile airson ur taic.

Dòmhnall U MacGilleMhoire

LÈIRMHEAS A' CHEANNAIRD

Chief Executive's Review

Looking back over the past twelve months, the year to the end of March 2022 was a multi-faceted, unusual and challenging time. But given that, I am pleased to say that the targets and outcomes set for Stòrlann as an organisation and as a team were achieved.

I would like to give special thanks to my colleagues, and to those who are involved in the sphere of Gaelic education, for their support in delivering our goals and for placing a wide range of resources in the hands of pupils, teachers and parents.

In common with many other organisations, Covid-19 impacted the attendance of staff – something which we expect to continue. At the beginning of the year all staff were working from home for most of the time. Next year, the team's views will be sought on the way ahead regarding future working arrangements between office and home.

Some of the operational changes which came with Covid-19 have continued. Many of our meetings and events continue to be held online – a practice which has greatly reduced travel. This is good for the environment, and accrues savings at a challenging time for public finances and for organisations such as Stòrlann, when production costs are rising.

The Gaelic medium early years sector is very important as a route into Gaelic education for many pupils. As opportunities to meet became a challenge, the pre-school resource, Gàidhlig nan Òg, was expanded with short videos which can be used in centres and at home.

The resources published for primary level included the final part of a Gaelic phonics scheme which comprises a series of books, teacher's notes, online resources and support materials for extension work.

During the year, at a time when young and old were experiencing pressures and anxiety, we expanded our materials dealing with mindfulness and health and wellbeing. I would like to thank the team at NHS Western Isles for their help with some of these resources.

In supporting the national goals of expanding the provision of subjects taught through Gaelic, work continues on terminology with a particular focus on terminology for subjects taught through Gaelic in high school.

The collection of Gaelic materials for fluent pupils is published under the Fileanta banner. During the year the collection was expanded with more resources for lower secondary. Also, resources for Gaelic learners in secondary school, which are published under the Ceumannan banner, were expanded and updated.

In common with many other networks, there has been a large increase in the use of the internet to connect to Gaelic education learning resources. Stòrlann has fully supported this move by expanding and adding to the resources and services which are available on our colourful, animated sites for early years, primary,

secondary, parents and carers. In addition, Stòrlann also supports e-Sgoil with translation and terminology.

A great effort is made to disseminate information and news which is supportive of Gaelic language and culture. At the same time, we have strong evidence that Stòrlann's social media reach is in a very healthy position.

As a result of Covid-19, teacher support services and the annual Alltan conference moved to online delivery. Although the benefits gained from meeting colleagues are missed, this move extended the reach and the opportunity for teachers to participate in seminars, without the challenges of arranging travel and time out of the classroom. With the intention of strengthening training and partnership working, a new full-time post was established at Stòrlann.

Looking ahead, we anticipate the provision of a new National Gaelic Language Plan which will give guidance and direction to Gaelic development work in the years ahead.

The team look forward with pleasure to opportunities for meeting pupils, teachers and parents, in the expectation that levels of communication will be increased and connections with the wider Gaelic education sector will be renewed.

Stòrlann are honoured to be involved in a development area which is at the heart of the campaign to grow Gaelic and every precious thing attached to the language. In doing this, the organisation depends on each individual who gives help and support. These include the Stòrlann team, Board members, pupils, teachers, parents, technical support, writers, artists, supporters, and our principal funders – Bòrd na Gàidhlig and the Scottish Government. On behalf of Stòrlann I would like to warmly thank you all for your support.

Donald W Morrison

Goireasan COP26

Chaidh goireasan a dhèanamh airson taic a chur ri ionnsachadh mu COP26, dè th' ann an atharrachadh na gnàth-shìde, mar a tha e a' toirt buaidh air a' phlanaid againn agus ceumannan as urrainnear agus a thathar a' gabhail gus gasaichean taigh-glainne a lùghdachadh.

Carson a rinn sinn Goireasan air COP26?

Chaidh COP26 a chumail ann an Glaschu san Dàmhair 2021. Thug a' cho-labhairt riochdairean à còrr is 200 dùthaich còmhla airson bruidhinn air atharrachadh na gnàth-shìde. B' e a' cho-labhairt bu mhotha riamh a chaidh a chumail san RA, agus air sgàth adhbhar na co-labhairt agus gun robh i ga cumail ann am mòr-bhaile Albannach, chaidh fhaicinn iomchaidh stuthan ionnsachaidh agus teagaisg a dhèanamh do sgoilearan FMG.

Tar-shealladh

Rinn sinn stuthan air grunn chuspairean, agus le sin bha cothrom aig sgoilearan agus tidsearan air goireasan coitcheann a ghabhadh atharrachadh no a chleachdadh a rèir comas nan sgoilearan. Le mothachadh nach biodh sgoilearan eòlach air cuid mhath den bhriathrachas, chaidh a chleachdadh ann an co-theacsa agus bha e air a mhineachadh anns na taisbeanaidhean.

Rinn an dà Oifigear Leasachaidh Bun-sgoile goireasan don Chiad agus an Dàrna Ìre.

COP26 Resources

Resources were created to support learning about COP26, what climate change is, how it affects planet Earth, and steps that can be and are being taken to reduce greenhouse gases.

Why Create COP26 Resources?

COP26 was hosted in Glasgow during October 2021. The conference brought together delegates from over 200 countries around the world to talk about climate change. It was the biggest conference ever held in the UK and, given the reason for this event, and it being held in a Scottish city, it was felt that learning and teaching materials should be made available to GM pupils.

Overview

By providing materials on a range of topics, pupils and teachers had access to generic resources that could be adapted or adopted to suit pupil ability. With an awareness that much of the vocabulary would be unfamiliar to pupils, terminology was used in context and explained in the various presentations.

Both Primary Development Officers created resources for pupils working at First and Second Level.

Goireasan COP26


Togar càrn mòr de chlachan beaga – Saoranachd Ionadail agus Chruinneil

Faodaidh sgoiltean fa leth ionnsachadh a leudachadh sa cho-theacsa aca fhèin a' cleachdadh prìomh chinn-cuspair òraid-fosglaidh Sir David Attenborough, agus leis na stuthan don Dàrna Ìre tuigidh sgoilearan, ged a tha na dian-thachartasan sìde as miosa a' tachairt ann am pàirtean eile den t-saoghal, gu bheil atharrachadh na gnàth-shìde a' toirt buaidh air muinntir na h-Alba, agus na RA, agus gun urrainn dhaibh tòrr a dhèanamh gu h-ionadail gus na tha de charbon dà-ogsaid san àile a lùghdachadh.

Ionnsachadh airson Seasmhachd

Chaidh na stuthan airson taic a chur ri ionnsachadh mu COP26 ath-ainmeachadh airson taic a thoirt do ionnsachadh airson seasmhachd; tha a' chòir aig luchd-ionnsachaidh gu lèir air seo, agus bu chòir luchd-teagaisg gu lèir a shealltainn. Leis an ainm ùr, Atharrachadh na Gnàth-shìde, tha sùbailteachd an cleachdadh sa churraicealam. Tha an t-susbaint fhathast nuadh agus buntainneach agus gabhadh a ruigsinn gu furasta le tidsearan agus sgoilearan airson phròiseactan fad-ùine agus geàrr-ùine.

Ceangal: <https://gaelic.education/bun-sgoil#climate-change>



A' bruidhinn aig fosgladh COP26 ann an Glaschu, rinn Sir David Attenborough òraid bhrosnachail agus thug e teachdaireachd chumhachdach seachad far an tuit e gu bheil dòchas ann dhan ath ghinealach.

Togar càrn mòr de chlachan beaga - Local and Global Citizenship

There is scope for individual schools to extend learning within their own local context using key headings from Sir David Attenborough's opening speech, and Second Level materials were written to help pupils understand that while the most extreme weather events happen elsewhere in the world, climate change affects the people of Scotland, and the UK also, and there is much that they can do within their local and school community to reduce the amount of carbon dioxide in the air.



Learning for Sustainability

Though these materials were originally created to support learning about COP26, they have since been rebranded to support the entitlement that all learners have, and that all practitioners should demonstrate, to learning for sustainability. Renaming resources Climate Change, allows for flexible use within the curriculum. The content remains up-to-date and relevant and can be accessed by teachers and pupils for long and short-term projects.

Link: <https://gaelic.education/bun-sgoil#climate-change>

'S e na daoine a tha beò an-dràsta an ginealach a tha ri thighinn. Coimheadaidh iad ris a' cho-labhairt agus beachdaichidh iad air aon rud – an deach stad a chur air an àireamh seo bho bhith ag èirigh, agus an do thòisich e a' tuiteam mar thoradh air na chaidh a ghealltainn?'

Goireasan COP26



Nuair a shèideas a' ghaoth

'S e leabhar-comaig a th' ann an *Nuair a shèideas a' ghaoth*. Chaidh eadar-theangachadh gu Gàidhlig agus a chur gu earrann atharrachadh na gnàth-shìde air làrach-lìn gaelic.education.

Tha an leabhar ag innse mar a chuidicheas lùth ath-nuadhachail mar ghaoth leis an atharrachadh gu saoghal nas glaine, nas fhallaine don h-uile duine. Tha e a' toirt còmhla fo-chuspairean ann an stuthan COP26 agus gabhaidh a chleachdadh airson taic a chur ri planadh agus lìbhrigeadh cuspair IDL.

Tha an stuth a bharrachd seo, an dèidh COP26, a' sònrachadh dealas leantainneach Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig a thaobh taic a chur ri sgoilearan FMG ann an Ionnsachadh airson Seasmhachd.



Nuair a shèideas a' ghaoth

Nuair a shèideas a' ghaoth is a comic book that was translated into Scottish Gaelic and subsequently added to the climate change section of the gaelic.education site.

The book tells the story of how renewable energies like wind will help lead the transformation to a cleaner, healthier world for everyone. The book brings together many of the sub-topics covered in COP26 materials and can be used to support the planning and delivery of an IDL topic.

This addition, following COP26, highlights Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig's continuing commitment to supporting GM pupils in Learning for Sustainability.



An Seotal

'An Seotal' - tha stòr-dàta briathrachais Stòrlann a tha a' cur taic ri teagasg chuspairean tro mheadhan na Gàidhlig a' cumail a' leudachadh, agus e na ghoireas do thidsearan agus do sgoilearan a bheir stiùireadh air briathrachas ùr co-cheangailte ri foghlam.

Tha stuthan ùra daonnan gan cur ris an làrach-lìn - chì sibh na th' air aig www.anseotal.org.uk agus faodaidh sibh ar leantainn air twitter @anseotal.

Tha am fiosrachadh a leanas air 'An Seotal':

- Briathran ann an Gàidhlig agus ann am Beurla
- Fiosrachadh buntainneach eile, mar eisimpleir, gnè ainmearan, an t-ìolra agus riochdan eile
- Cuspair(ean) dham buin na briathran
- Eisimpleirean air mar a thèid na briathran a chleachdadh ann an clas
- Stiùireadh air fuaimneachadh
- Goireasan foghlaim Gàidhlig
- Cothrom briathran a rannsachadh a rèir na h-aibidil agus a' chuspair

Tha goireasan neo-dhìdseatach air an cruthachadh ann an co-bhonn ris 'An Seotal' agus tha iad rim faotainn bho Stòrlann.

'An Seotal' - Stòrlann's Gaelic terminology database to aid the teaching of subjects through the medium of Gaelic at secondary school level continues to expand, providing a resource for teachers and pupils which gives guidance on new vocabulary related to education.

New material is being added continually - have a look on www.anseotal.org.uk or follow us on Twitter @anseotal.

'An Seotal' contains the following information:

- Terms in English and in Gaelic
- Other relevant lexicographical information, e.g. gender of nouns, plural and other forms
- The subject area(s) to which terms relate
- Examples of how to use the terms in classroom settings
- Gaelic education resources
- Terms searchable alphabetically and by subject

Non-digital resources have been produced in conjunction with 'An Seotal' and are available from Stòrlann.



Ceumannan Faclair Mòr App 2022




Tha an app **Faclair Mòr** na fhaclair eadar-ghnìomhach leis am faod luchd-ionnsachaidh àrd-sgoile barrachd air 3 300 faidhle fuaim à leabhraichean *Ceumannan 1–4* a lorg agus èisteachd riutha. Chaidh faclan agus abairtean *Ceumannan 5* a chur ris am-bliadhna. Gheibhear an app an-asgaidh air *Google Play* no air an *App Store*.


Air an duilleig-dachaigh chithear *Facal an Latha* agus abairtean a chaidh a lorg bho chionn ghoirid. Chaidh am *Faclair Mòr* a dhealbhadh agus a chruthachadh le *Sealgar IT* agus le faidhlichean-fuaim air an clàradh le ùghdar *Ceumannan*. Tha *Faclair Mòr* na ghoireas a bhios feumail dha sgoilearan agus tidsearan anns a' chlas agus aig an taigh.

The Ceumannan Faclair Mòr is an interactive talking dictionary app containing over 3 300 Gaelic sound files. It is available free on Google Play and the App Store and contains every word and phrase that appears in the Ceumannan series of textbooks 1–4 and has recently been updated to include all language from Ceumannan 5.

Learners can use the app to search for any English or Gaelic word or phrase and listen to the correct pronunciation. The app also generates a different Word of the Day each day on the home page and displays recently searched for terms. This is a valuable tool for learners that will support their studies in class and at home. Faclair Mòr was produced by Sealgar IT with sound files recorded in-house using the author of Ceumannan.



Nàiseanta 4 & 5 Cruinn-eòlas



Tha an leabhar Nàiseanta 4 & 5 Cruinn-eòlas a' toirt cothrom diofar sgilean ionnsachadh: sgilean a dh'fheumas sinn airson mapadh, airson obair air a' bhlàr-a-muigh, airson rannsachadh agus airson fiosrachadh is dàta a mhìneachadh 's a thaisbeanadh. Tha e cuideachd a' toirt cothrom na sgilean smaoinichidh, na sgilean litearra is agus na sgilean àireamhachd a thoirt air adhart nuair a bhios sinn a' dèiligeadh ri diofar earrannan den chuspair. Leasaichidh an leabhar seo comasan a tha feumail airson cosnadh, iomairt agus saoranachd. Tha na sgilean seo feumail ann an iomadh suidheachadh eile agus bidh iad nan cuideachadh a thaobh ionnsachadh san fharsaingeachd, beatha làitheil agus obair làitheil.

The National 4 & 5 Geography textbook offers the opportunity to learn various skills: skills we require for mapping, for fieldwork, for research and for the analysis and presentation of information and data. It also gives opportunity to develop our thinking, literacy and numeracy skills when we deal with different sections of the subject. This book will develop abilities which are useful for employment, enterprise and citizenship. These skills are useful in many other settings and will be useful for learning in general, daily life and daily work.